Do threòir mun taghadh airson Pàrlamaid na h-Alba 5mh dhen Chèitean 2016.



The Electoral Commission

Cò aig a bheil cead bhòtaidh?

’S urrainn dhut bhòtadh san taghadh seo ma chlàraich thu airson bhòtadh ann an Alba agus ma bhios tu co-dhiù 16 bliadhna a dh’aois **Diardaoin 5mh dhen Chèitean 2016** agus ma tha thu:

- nad shaoranach Breatannach no Èireannach no
- nad shaoranach a’ Cho-fhlaitheis aig a bheil cead fuireach san RA no aig nach eil feum air cead fuireach san RA, no
- nad shaoranach de dhùthaich eile san Aonadh Eòrpach

Chan urrainn do shaoranaich Bhreatannach a tha a’ fuireach thall thairis bhòtadh ann an taghadh do Phàrlamaid na h-Alba.

Seo a’ chiad taghadh do Phàrlamaid na h-Alba anns am bi cead bhòtaidh aig daoine aois 16 agus 17.

Feumaidh tu clàradh airson bhòtadh ro mheadhan-oidhche **Diluain 18mh dhen Ghiblean 2016** ma tha thu airson bhòtadh san taghadh seo. Tha e cudromach gun clàraich thu cho luath ’s a ghabhas air eagal ’s gum bi aig an oifis chlàraidh bruidhinn riut mun fhiosrachadh agad.

Ma fhuair thu cairt-bhòtaidh o chionn goirid, bidh cead bhòtaidh agad.

Chì thu air a’ chairt-bhòtaidh agad càit is cuin a bhòtas tu agus gheibh thu tè ro gach taghadh ma rinn thu clàradh.

’S urrainn dhut clàradh airson bhòtadh air loidhne an-seo: **gov.uk/register-to-vote** no cuir fòn gu **0800 3 280 280**

Ciamar a bhòtas mi?

Tha trì dòighean ann airson bhòtadh:

1. San ionad-bhòtaidh agad Diardaoin an 5mh dhen Chèitean 2016

Gheibh thu cairt-bhòtaidh a dh'innseas dhut càit a bheil an t-ionad-bhòtaidh agad. Cha leig thu leas a' chairt-bhòtaidh a thoirt leat airson bhòtadh agus ma chailleas tu e no mur am faigh thu e, bruidhinn ris a' chomhairle ionadail agad is innsidh iad dhut càit a bheil an t-ionad-bhòtaidh agad. **Bidh na h-ionadan-bhòtaidh fosgailte eadar 7m agus 10f.**

2. Tron phost

Ma tha thu airson bhòtadh tron phost, coilean foirm-tagraidh airson bhòtadh tron phost is cuir gu oifis ionadail clàradh an luchd-bhòtaidh agad. Feumaidh iad seo **ro 5f Dimàirt 19mh dhen Ghiblean 2016.**

Gheibh thu na pàipearan-bhòtaidh agad tron phost. Coilean na pàipearan-bhòtaidh agad is dèan cinnteach gun ruig iad ann **ro 10f Diardaoin 5mh dhen Chèitean 2016.**

3. Slighe neach-ionaid (a' toirt cead do chuideigin sa bheil earbsa agad bhòtadh às do leth)

Ma tha thu airson bhòtadh slighe neach-ionaid, coilean foirm-tagraidh is cuir gu oifis ionadail clàradh an luchd-bhòtaidh agad. Feumaidh iad seo **ro 5f Dimàirt 26mh dhen Ghiblean 2016.**

Mur urrainn dhut a dhol a dh'ionad-bhòtaidh ri linn suidheachaidh-èiginn thu fhèin, 's urrainn dhut neach-ionaid èiginn iarraidh **suas ri 5f Diardaoin 5mh dhen Chèitean 2016.**

Airson barrachd fiosrachaidh no airson foirm-tagraidh puist no neach-ionaid, tadhail air **aboutmyvote.co.uk** no cuir fòn gu **0800 3 280 280**

Ciamar a lìonas mi na pàipearan bhòtaidh?

Gheibh thu dà phàipear-bhòtaidh:

Pàipear-bhòtaidh na roinn-pàrlamaid
(Sgìre ionadail)

Election of Members of the Scottish Parliament for the [XXXXXXXXXXXXXXX] **Constituency**

Vote for **only one candidate** by putting a cross in the box next to your choice ✘

Candidate A A Party	
Candidate B B Party	
Candidate C Independent	
Candidate D D Party	
Candidate E Independent	

Air a' phàipear-bhòtaidh seo cuiridh tu bhòt airson cuideigin a riochdaicheas an roinn-pàrlamaid agad. Cuir crois (X) sa bhogsa mu choinneamh ainm **aon tagraiche.**

Pàipear-bhòtaidh na roinne
(Roinn-taghaidh nas motha)

Election of Members of the Scottish Parliament for the [XXXXXXXXXXXXXXX] **Region**

Vote **only once** by putting a cross in the box next to your choice ✘

A Party	
B Party	
C Party	
Candidate D Independent	
Candidate E Independent	

Air a' phàipear-bhòtaidh seo cuiridh tu bhòt airson pàrtaidh no tagraiche neo-eisimeileach a riochdaicheas na roinne agad. Cuir crois (X) sa bhogsa mu choinneamh ainm **aon phàrtaidh no tagraiche neo-eisimeileach.**

Taghadh Pàrlamaid na h-Alba

Thèid taghadh do Phàrlamaid na h-Alba a chumail **Diardaoin an 5mh dhen Chèitean 2016**.

’S urrainn do Phàrlamaid na h-Alba laghan airson Alba a chruthachadh ann an iomadh raon, a’ gabhail a-staigh slàinte, foghlam, taigheadas, ceartas is na h-àrainneachd.

Tha ochd Ball-Pàrlamaid na h-Alba (BPA) a’ riochdachadh gach neach ann an Alba: aonan mu choinneamh na roinne-pàrlamaid (no sgìre ionadail) agus seachdnar mu choinneamh na roinne-taghaidh mhòr far a bheil iad a’ fuireach.

Bidh 129 BPA air an taghadh, a’ gabhail a-staigh:

- 73 BPA nan roinnean-pàrlamaid, aonan mu choinneamh gach aon dhe na 73 roinn-pàrlamaid
- 56 BPA roinneil, seachdnar mu choinneamh gach aon dhe na 8 roinnean-pàrlamaid ann an Alba.

Airson barrachd fiosrachaidh mu Phàrlamaid na h-Alba, tadhail air **scottish.parliament.uk**

Mar a gheibh thu barrachd fiosrachaidh

Ma tha ceist sam bith agad no ma tha thu ag iarraidh na bileige seo ann an cànan no cruth eile, tadhail air **aboutmyvote.co.uk** no cuir fòn gu **0800 3 280 280.**

@ElectoralCommUK

Na dealbhan fo © Buidheann Corporra Phàrlamaid na h-Alba – 2012.
Fo cheadachas fosgailte Phàrlamaid na h-Alba v1.0.

Chaidh seo a chruthachadh le Coimisean an Taghaidh,
Seòmraichean Lodainn, 59-63 Drochaid Seòras IV, Dùn Èideann EH1 1RN.

© An Coimisean Taghaidh 2016

YOUR VOTE MATTERS
DON'T LOSE IT